

1. 'S e meas a th' ann  
an tomato.

2. Bidh coin a' call  
fallas tron teanga.

3. Tha ialtagan dall.

4. Ma ghearras tu  
boiteag ann an dà  
leth ath-nuadhaichidh  
i agus bidh 2  
bhoiteag ann.

5. Chan eil aig òr-iasg ach cuimhne 3 diogan.

6. Bu chòir dhut 8 glainneachan uisge ol gach latha.

7. Ma shluigeas tu guma-cagnaiddh fuirichidh e nad stamag airson 7 bliadhna.

8. B' e Thomas Crapper an t-ainm a bh' air innleachdair an toidhleat.

9. Tha An Talamh cruinn.

10. Bidh ìnean do chorragan agus d' fhalt/ do ghruag fhathast a' fàs às deidh dhut bàsachadh.

11.  $1 + 1 = 2$

12. Tha e cunnartach neach a dhùsgadh ma tha iad a' coiseachd nan cadal.

# Prop 1: Duilleag Fhreagairtean an Tidseir

1. Fìrinn. Tha seo seo ceart bhon a tha ughag agus sìol a' phlannt na bhroinn.

2. Fionnsgeul. Chan e an aon rud a th' ann am plapail agus call fallas. Tha a' mhòr chuid de fhaireagan fallais chon anns na padaichean spòige aca. (Ach tha plapail a' cuideachadh rin cumail gun fàs ro theth).

3. Fionnsgeul. Chan fhaic iad dath ach air an oidhche chì iad nas fheàrr na chì sinne.

4. Fionnsgeul. Mairidh an leth aghaidh beò ach bàsaichidh an leth eile.

5. Fionnsgeul. Leis an fhìrinn, tha deagh chuimhne aca. 'S urrainn dhut iasg-òr a thrèanadh le ceòl agus solais.

6. Fionnsgeul. 'S e deagh chomhairle a th' ann ge-tà.

7. Fionnsgeul. 'S dòcha nach tig a bhristeadh sìos ach thig e a-mach san t-salachair agad – leis an aon ccholtas 's a bh' air nuair a chaidh e a-steach.

8. Fionnsgeul. Ach 's e duine ceart a bh' ann a chuidich le leasachadh thoidhleatan le rudan mar sgiùrdadh.

9. Fìrinn. Uill, tha a' phlanaid air chumadh buill air fhasgadh sìos – chan eil e idir còmhndard.

10. Fionnsgeul. Cha bhith idir.

11. Fìrinn. Gun cheist sam bith.

12. Fionnsgeul. Tha coiseachd-chadail cunnartach. Dùisg iad!